



Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

PLANA GÀIDHLIG

2023- 2026

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 9 Cèitean 2023



Facal-toisich

Tha sinn toilichte Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba (SFRS) airson 2023-2026 fhoillseachadh.

Is e adhbhar Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba. Tha làn-thaic an SFRS ri ceuman a tha ag amas air Alba a stèidheachadh mar chomann-sòisealta in-ghabhalach far a bheil coimhearsnachdan seasmhach is soirbheachail agus far an urrainn dhaibh am fèin-aithne ionadail a ghlèidheadh.

Mar sholaraidhe sàr sheirbheisean poblach, 's e amas an SFRS feumalachdan nan coimhearsnachdan uile againn a choileanadh ann an dòigh a tha a' freagairt air suidheachaidhean ionadail, a tha èifeachdach, agus a bheir seachad an luach as fheàrr. Tha seo a' ciallachadh gum faod sinn a bhith a' dèanamh rudan ann an dòighean eadar-dhealaichte ann an cuid de sgìrean a rèir bhagairtean ionadail leithid chùisean cruinn-eòlach no deamografach.

Tha an SFRS ag aithneachadh gu bheil sinne nar pàirt de na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh, nì a tha cudromach. Mar bhuidheann nàiseanta, tha seo a' ciallachadh gu bheil sinn fortanach ann a bhith a' frithealadh coimhearsnachdan na h-Alba agus, aig an aon àm, ag obair annta agus còmhla riutha.

Anns a' mhòr-chuid de dh'Alba, tha luchd-obrach an SFRS a' tighinn às a' choimhearsnachd ionadail fhèin agus tha seo gu sònraichte fìor ann an àiteachan far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn gu cumanta agus far as follaisiche luchd-obrach Glèidhte agus Saor-thoileach.

Seo an dàrna Plana Gàidhlig aig an SFRS agus tha sinn an dùil cur ri soirbheachadh a' chiad phlana: a' leantainn oirnn a' com-pàirteachadh leis a' phoball ann a bhith ga libhrigeadh agus a' toirt taic do na prìomhachasan airson a' Ghàidhlig a ghlèidheadh mar phàirt sheasmhach riatanach de chultar na h-Alba.

Co-aithris leis an Dr Kirsty Darwent, Neach-cathrach a' Bhùird agus an t-Àrd-oifigear, Ross Haggart.

Clàr-innse

Earrann	Taobh-duilleig
Facal-toisich	2
1. Ro-ràdh	5 - 6
1.2 Gàidhlig ann an Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba	6 - 7
1.3 Gàidhlig ann an Alba	7
1.4 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	8
1.5 Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig	8
1.6 In-sgrùdadh air Comas sa Ghàidhlig	9
1.7 Co-chomhairle air an dreachd Phlana Ghàidhlig	9
2. Prìomh Phrionnsapalan	9
2.1 Spèis Cho-ionann	10
2.2 Tairgse Ghnìomhach	10
2.3 Àbhaisteachadh	10
3. Geallaidhean a’ Phlana	11
3.1 Amasan Àrd-ìre	11
3.1.1 Cur ri cleachdadh na Gàidhlig	11 - 12
3.1.2 Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig	12 - 13
3.1.3 Cur air adhart ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig	13 - 14
3.2 Amasan Seirbheis Corporra	14
3.2.1 Inbhe	14
3.2.2 Conaltradh ris a’ Phoball	15 - 16
3.2.3 Fiosrachadh	16 - 17
3.2.4 Luchd-obrach	18 - 19
3.2.5 Corpas Gàidhlig	20
4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	22
5. Ceanglaichean ri Frèaman-obrach coileanaidh ionadail is roinneil	22
6. Foillseachadh	23
6.1 Foillseachadh agus sanasachd a’ Phlana a-staigh agus a-muigh	23
7. Goireasachadh a’ Phlana	23
8. Sgrùdadh a’ Phlana	24
9. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach	24
9.1 Àrd-uallach airson a’ Phlana	24
9.2 Uallach airson a’ Phlana bho Latha gu Latha	24
9.3 Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh a’ Phlana Ghàidhlig	25

9.4	Com-pàirteachadh le Luchd-obrach	25
9.5	Buidhnean Leth-eisimeileach agus Buidhnean Treas-phàrtaidh	25
	Pàipear-taice 1 – In-sgrùdadh air Comas sa Ghàidhlig	26 - 28
	Pàipear-taice 2 - Co-chomhairle Phoblach	28 – 29

1. RO-RÀDH

TUAIRISGEUL AIR SEIRBHEIS SMÀLAIDH AGUS TEASAIRGINN NA H-ALBA

Chaidh Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba (SFRS) a stèidheachadh air 1 Giblean 2013, an àite ochd ùghdarrasan smàlaidh roinneil. Tha SFRS cunntachail do Riaghaltas na h-Alba agus tha Bòrd air a cheann a tha air a chur an dreuchd gu poblach agus air a stiùireadh le Àrd-oifigear agus le sgioba stiùiridh stèidhichte anns a' Phrìomh Oifis aige ann an Camas Lang.

Tha Achd Ath-leasachadh Poileis is Smàlaidh (Alba) 2012 na bunait reachdail airson an SFRS gus raon de phrìomh sheirbheisean agus ghnìomhan a lìbhrigeadh a tha a' ciallachadh gum bi an t-seirbheis deiseil gus dèiligeadh ri teine is tubaistean eile, agus tha e cuideachd a' cuimseachadh gu làidir air casg agus dìon airson dèanamh cinnteach gum bi ar coimhearsnachdan sàbhailte. Tha am Frèam-obrach Smàlaidh is Teasairginn co-cheangailte airson na h-Alba a' stiùireadh ro-innleachd fharsaing an SFRS ann a bhith a' lìbhrigeadh sheirbheisean do choimhearsnachdan na h-Alba.

Chaidh na prìomhachasan airson an SFRS a chur an cèill ann am Frèam-obrach Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba 2016 leis na Builean Ro-innleachdail air an sònrachadh anns a' Phlana Ro-innleachdail 2022-2025:

Buil 1: Thèid sàbhailteachd is sunnd coimhearsnachd am feabhas agus sinn a' cuimseachadh air casg a chur air suidheachaidhean èiginn agus cron.

Buil 2: Tha coimhearsnachdan nas sàbhailte agus nas seasmhaiche agus sinn a' dèiligeadh gu h-èifeachdach ri bagairtean caochlaideach.

Buil 3: Tha sinn a' cur luach air agus a' nochdadh innleachdas thar gach raon de ar n-obair.

Buil 4: Bidh sinn a' freagairt ri buaidhean atharrachadh gnàth-thìde ann an Alba agus a' lùghdachadh ar sgaoilidhean carboin.

Buil 5: Is e buidheann adhartach a th' annainn, a' cleachdadh ar goireasan gu ciallach agus a' toirt seachad luach an airgid as fheàrr don phoball.

Buil 6: Tha fèin-fhiosrachadh luchd-obrach an SFRS a' dol am feabhas leis gur sinne am fastaiche as fheàrr as urrainn dhuinn a bhith.

Buil 7: Thèid sàbhailteachd is sunnd coimhearsnachd am feabhas mar a bhios sinn ag obair gu h-èifeachdach le ar com-pàirtichean.

Tha lìbhrigeadh ar gnìomhan bho latha gu latha an urra ris an sgioba stiùiridh againn air a dhèanamh suas den Àrd-oifigear, dithis Leas-àrd-oifigear agus sianar Stiùirichean a bhios còmhla a' toirt stiùireadh ro-innleachdail do ar gnìomhan gu lèir. Tha uallach air an sgioba gnìomha airson buidseat obrachaidh iomlan de £352.707 millean sa bhliadhna.

Tùs: [Plana Ro-innleachdail SFRS 2022 - 2025](#)

Tha an SFRS ag obair air feadh na h-Alba agus a' fastadh mu 8,000 neach-obrach a' gabhail a-steach luchd-obrach làn-ùine, luchd-obrach air fuireachas agus saor-thoilich. Le còrr is 350 toglaichean aige, tha fear de na lorgan cruinn-eòlach as motha aig buidheann phoblach Albannach aig an SFRS, agus e a' toirt seachad a sheirbheisean do na coimhearsnachdan uile ann an Alba agus do dhaoine a tha a' tadhal air an dùthaich.

Tha comharrachadh agus tuigsinn feumalachdan coimhearsnachdan na h-Alba cho cudromach don t-seirbheis smàlaidh 's a tha e do dh'ùghdarras poblach sam bith eile. Feumaidh an SFRS cothromachadh a dhèanamh eadar na feumalachdan aig seirbheis nàiseanta agus aig coimhearsnachdan ionadail.

Tha dàimh shusbainteach eadar cuid de dh'fheartan dìonta, mar a chaidh a mhìneachadh anns an Achd Co-ionannachd 2010, agus cunnart bho theine agus suidheachaidhean èiginn eile. A bharrachd air seo, tha an SFRS ag aithneachadh ana-cothrom sòisealta agus eaconamach mar nithean a tha a cheart cho cudromach ris na feartan a chaidh a chomharrachadh ann an reachdas co-ionannachd. Tha daoine nas sine, daoine air a bheil ciorram, daoine a tha a' fuireach nan aonar, daoine ann an èis, agus an fheadhainn le feumalachdan sòisealta ioma-fhillte nas dualtaiche a bhith ann an cunnart bho theine no suidheachadh èiginn eile na daoine nach eil anns na suidheachaidhean sin. Ged a tha prìomhachasan corporra againn gus aghaidh a chur ris na neo-ionannachdan sin, 's ann aig ìre solar seirbheis ionadail as urrainn dhuinn eadar-dhealachadh a dhèanamh.

GÀIDHLIG ANN AN SEIRBHEIS SMÀLAIDH AGUS TEASAIRGINN NA H-ALBA

Mar bhuidheann a tha ag obair air feadh na h-Alba, tha an SFRS ag obair ann an sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh mar phàirt den bheatha làitheil a bharrachd air àiteachan far nach eil.

Rè a' chiad phlana againn dh'fhoillsich an SFRS an Leabhran Sàbhailteachd Teine san Dachaigh ann an Gàidhlig gus a dhol còmhla ris an dreachd Bheurla.

Ag obair ann an com-pàirt le neach-labhairt na Gàidhlig agus neach-trèanaidh, chuir sinn Trèanadh Mothachadh Gàidhlig air dòigh don luchd-obrach againn. Gu ruige seo tha 507 neach-obrach air an trèanadh a dhèanamh.

Tha sinn air an trèanadh seo a thoirt do sheirbheisean èiginn eile agus ùghdarrasan ionadail. Tha Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas agus grunn Ùghdarrasan Ionadail eile a' cleachdadh an trèanaidh gus eòlas agus mothachadh Gàidhlig a leasachadh san luchd-obrach aca fhèin.

Rinn sinn suirbhidh den luchd-obrach againn agus an-dràsta tha 98 neach-obrach ag ràdh gu bheil tomhas de sgìlean Gàidhlig aca bho bheannachadh an latha bunaiteach gu fileantachd ann an labhairt, leughadh agus sgrìobhadh.

Tha sinn air na cunntasan mheadhanan sòisealta corporra againn a chleachdadh gus bhidio sa Ghàidhlig a sgaoileadh 's a bheil dithis Neach-smàlaidh air fuireachas a' bruidhinn air cho cudromach 's a tha luchd-smàlaidh ann an coimhearsnachdan dùthchail.

GÀIDHLIG ANN AN ALBA

B' e an àireamh iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an cunntas-sluaigh 2011 57,375 no 1.1% de shluagh na h-Alba. Tha luchd na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba, ach is e na h-Eileanan Siar prìomh sgìre a' chànain. Tha a' Ghàidhlig ga bruidhinn leis a' mhòr-chuid ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar agus ann am paraiste Chille Mhoire anns an Eilean Sgitheanach ann an Sgìre Comhairle na Gàidhealtachd.

Tha barrachd is barrachd sgoiltean meadhain-Ghàidhlig a' nochdadh air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach sgìrean far nach eil a' mhòr-chuid de dhaoine a' bruidhinn a' chànain.

Tha an SFRS mothachail air cho cudromach agus cho buntainneach 's a tha Gàidhlig mar chiad chànan ann an cuid de choimhearsnachdan a bharrachd air cho cudromach 's a tha e taic a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan far a bheil a' bheag-chuid ga bruidhinn.

Ann an com-pàirteachas le Ainmean Àite na h-Alba, tha Bòrd na Gàidhlig air mapa de dh'ainmean-àite Gàidhlig a dheasachadh bho air feadh na h-Alba, a' nochdadh buaidh fharsaing a' chànain.



ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de phrìomh fheartan Achd 2005 gu bheil i a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun cuireadh an roinn phoblach ann an Alba ri seasmhachd na Gàidhlig, le bhith a' togail a h-inbhe is a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a chaidh a dheasachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig an SFRS a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh do Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Leasachadh Planaichean Gàidhlig.

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG

Tha an earrann seo a' mìneachadh ceangal soilleir eadar plana Gàidhlig an SFRS agus am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-23.

Tha Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a' cur taic ri amas a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 gun tèid "a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn dealasach a thaobh an t-amas seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh ar n-obrach air na trì raointean a leanas:

- Cur ri cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus brosnachadh barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- Cur am meud cothrom dhaoine Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn
- Cur air adhart ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig uair sam bith as urrainn dhuinn mar phàirt den obair làitheil againn

IN-SGRÙDADH AIR COMAS SA GHÀIDHLIG

Rè a' chiad Phlana Ghàidhlig againn, rinn sinn suirbhidh luchd-obrach gus faighinn a-mach dè an t-eòlas agus na sgilean a bh' aca a thaobh na Gàidhlig. Tha grunn luchd-obrach againn an-dràsta a tha air a ràdh gu bheil sgilean Gàidhlig aca, bho chomas bunaiteach an latha a bheannachadh gu fileantachd ann an leughadh, sgrìobhadh agus labhairt na Gàidhlig.

Is e Geàrr-chunntas nam Prìomh Thoraidhean bhon In-sgrùdadh Comas sa Ghàidhlig:-

- Tha tomhas de sgilean Gàidhlig aig 98 neach-obrach an SFRS
- Bidh 17 neach-obrach a' bruidhinn na Gàidhlig gach latha ris a' phoball
- Chomharraich ceathrar luchd-obrach gu bheil iad a' bruidhinn na Gàidhlig gu neo-fhoirmeil ri co-oibrichean gach mìos fhad 's a tha iad ag obair
- Chomharraich còignear luchd-obrach gu bheil iad a' bruidhinn na Gàidhlig gu foirmeil gach latha ri an co-obraichean agus am manaidsèar san àite-obrach

Tha làn fhiosrachadh mun In-sgrùdadh air Comas sa Ghàidhlig againn ri fhaighinn ann am Pàipear-taice a h-Aon.

CO-CHOMHAIRLE AIR AN DREACHD PHLANA GHÀIDHLIG

Rinn an SFRS co-chomhairle phoblach mun dàrna Plana Gàidhlig a bha sinn a' moladh agus bheachdaich sinn air freagairtean a fhuair sinn rè a' phròiseas co-chomhairle a mhair sia seachdainean bho 17 Faoilleach 2022.

Fhuair luchd-ùidh agus com-pàirtichean post-d le cuireadh am beachdan innse air an dreachd phlana a bha ri fhaighinn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig air làrach-lìn an SFRS. Chuidich raon de sheòrsaichean conaltraidh a-staigh luchd-obrach gus beachdan a thoirt seachad agus pàirt a ghabhail sa cho-chomhairle agus bhrosnaich na cunntasan mheadhanan sòisealta againn conaltradh agus com-pàirteachadh poblach.

Is e Geàrr-chunntas nam Prìomh Thoraidhean bhon cho-chomhairle phoblach:-

- Fhreagair 191 neach a' cho-chomhairle
- Fhreagair 45 neach-obrach an SFRS a' cho-chomhairle
- Fhreagair 6 buidhnean a' cho-chomhairle

Gheibhear mion-fhiosrachadh mun cho-chomhairle phoblach againn ann am Pàipear-taice a Dhà.

2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

Tha sinn dealasach a thaobh taic a thoirt don Ghàidhlig agus tro ar geallaidhean fo Earrannan a trì agus a ceithir den Phlana seo cuiridh sinn ar n-amasan an cèill. Ged a tha cuid de chùisean a' tighinn air adhart mean air mhean, agus cuid eile ann an dòigh nas susbaintiche, tha an t-amas iomlan sìmplidh: dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd.

SPÈIS CHO-IONANN

Fo chumhachan Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig an dùil inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil na h-Alba le spèis cho-ionann ris a' Bheurla. Tha am Bòrd an dùil, air an adhbhar sin, gun seall ùghdarrasan poblach nam planaichean ciamar a thèid am prionnsapal a choileanadh, agus a chumail a' dol ann an cleachdadh.

Nì Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba cinnteach, far a bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar gnìomhan agus seirbheisean, gu bheil iad air an lìbhrigeadh aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a tha sinn a' toirt seachad sa Bheurla.

TAIRGSE GHNÌOMHACH

Far a bheil sinn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig, nì sinn tairgse ghnìomhach don luchd-obrach againn agus don phoball gus am bi fios aig luchd na Gàidhlig gu bheil na seirbheisean ann agus gu bheilear gam brosnachadh gu gnìomhach a bhith gan cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig fios a bhith aca gun tèid na feumalachdan aca a choileanadh mas e sin na tha iad ag iarraidh.

Nì sinn cinnteach gum bi ar seirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

ÀBHAISTEACHADH

Nì Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba cinnteach gu bheil na cothroman a th' aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn a thaobh a' Ghàidhlig a chleachdadh gan àbhaisteachadh mar thaic do amas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

3. GEALLAIDHEAN A' PHLANA

AMASAN ÀRD-ÌRE

Tha sinn air obair gu dlùth leis a' Bhòrd gus amasan àrd-ìre a shuidheachadh a bhios nan gnìomhan ro-innleachdail agus a bhios a' ceangal gu dlùth ri Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23.

Tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil ar Plana Gàidhlig a' cuimseachadh air na trì amasan àrd-ìre a leanas:

- Cur ri cleachdadh na Gàidhlig
- Cur ri ionnsachadh na Gàidhlig
- Cur air adhart ìomhaigh fhàbharach dhen Ghàidhlig

CUR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Obair còmhla ri Poileas Alba agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba air ar Planaichean Gàidhlig fa leth a chur an gnìomh.
Buil a tha ga iarraidh	Gus an cleachdadh as fheàrr agus raointean airson leasachadh a cho-roinn, a bharrachd air co-obrachadh air pròiseactan a bhiodh buannachdail do gach buidheann agus do choimhearsnachdan na h-Alba.
Cleachdadh Làithreach	Bithear a' cumail choinneamhan gu cunbhalach tron bhliadhna, far am bithear a' bruidhinn air raon chuspairean thar-roinneil a' gabhail a-steach a' Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none">• Comharraich pròiseactan a bhiodh buannachdail do na com-pàirtichean uile• Lean air adhart a' coinneachadh gu cunbhalach• Thoir am fios as ùire don Bhuidhinn Co-obrachaidh Ath-leasachaidh air obair a bhuineas gu sònraichte ri agus a bhios a' gabhail a-steach a' Ghàidhlig. Tha a' bhuidheann seo a' cuimseachadh air pròiseactan nas motha air am bi na trì seirbheisean èiginn ag obair còmhla
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a' phlana
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Amas Àrd-ìre	Dèan cinnteach gu bheil goireasan sgoile nàiseanta sam bith rim faighinn gu dà-chànanach.
Buil a tha ga iarraidh	Tha stòrasan corporra sam bith a thathar a' moladh airson sgoiltean rim faighinn sa Ghàidhlig.

Cleachdadh Làithreach	Tha obair a' dol air adhart gus ceanglaichean a stèidheachadh le Ùghdarrasan Foghlaim gus òraidean sàbhailteachd a libhrigeadh sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Ro dheireadh a' phlana seo, bidh a h-uile òraid mu shàbhailteachd teine ann an sgoiltean meadhain-Ghàidhlig air a libhrigeadh sa Ghàidhlig • Lean air adhart a' sgaoileadh bileagan sàbhailteachd a tha sa Ghàidhlig mar-thà, agus a' leasachadh agus a' dèanamh stòrasan dà-chànanach san àm ri teachd
Ceann-latha mar Thargaid	2026
Uallach	Sgioba Casg is Dìon

Amas Àrd-ìre	Brosnaich luchd-obrach Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba aig a bheil Gàidhlig a cleachdadh nas trice.
Buil a tha ga iarraidh	Bruidhinn na Gàidhlig san àite-obrach gu bhith na chleachdadh àbhaisteach do luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Bidh beagan luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig a' cleachdadh agus a' bruidhinn na Gàidhlig le co-obraichean agus manaidsearan san àite-obrach, ach chan eil seo na chleachdadh foirmeil.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachd toraidhean na suirbhidh luchd-obrach gus faighinn a-mach dè an ìre gu bheil luchd-obrach le Gàidhlig mar-thà a' cleachdadh na Gàidhlig airson conaltradh san àite-obrach • Obair còmhla ri luchd-obrach le Gàidhlig gus an cànan adhartachadh taobh a-staigh na seirbheis • Brosnaich labhairt na Gàidhlig gu gnìomhach am measg ar luchd-obrach ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn gu farsaing • Cruthaich Lìonra Luchd-obrach Gàidhlig ma thogras luchd-obrach an SFRS • Thèid luchd-obrach le Gàidhlig a stiùireadh gu stòrasan Cleachdi airson àbhaisteachadh san àite-obrach aca
Ceann-latha mar Thargaid	2024 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd/Gach Raon Àrd-oifigear Ionadail (LSO).

CUR RI IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Togaidh an SFRS aire luchd-obrach mu na tha ri fhaighinn de thrèanadh Gàidhlig air an taobh a-muigh agus cuiridh iad air adhart tuilleadh mhodailean agus goireasan mothachadh cànan is cultair an SFRS.
--------------	--

Buil a tha ga Mholadh	Meudaich mothachadh Gàidhlig san fharsaingeachd air feadh na buidhne agus brosnach luchd-obrach gu gnìomhach gus Gàidhlig ionnsachadh.
Cleachdadh Làithreach	Tha luchd-obrach aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig no a' leasachadh an sgilean Gàidhlig gan stiùireadh gu làraich-lìn iomchaidh a rèir comhairle Bhòrd na Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir air adhart am Pròiseact Speak Gaelic don luchd-obrach air fad • Cuir a' Ghàidhlig air adhart air feadh na buidhne uair sa bhliadhna • Co-dhiù aon turas sa bhliadhna cuir air adhart an Trèanadh Mothachadh Gàidhlig làithreach don luchd-obrach air fad agus brosnach iad gu gnìomhach a dhèanamh
Ceann-latha mar Thargaid	2024 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Amas Àrd-ìre	Dèan leasachadh air na modailean mothachadh Gàidhlig làithreach.
Buil a tha ga Mholadh	Meudaich an àireamh luchd-obrach a tha air an trèanadh a chrìochnachadh agus leasaich an t-susbaint a th' ann.
Cleachdadh Làithreach	Bidh an sgioba co-ionannachd is iomadachd a' cumail sùil air ìrean crìochnachaidh agus a' cleachdadh iris sheachdaineil an luchd-obrach gus an trèanadh a chur air adhart agus crìochnachadh a bhrosnachadh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dealbhaich prògram gus na modailean mothachaidh a chur air adhart gu cunbhalach • Obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan poblach eile gus susbaint mhodailean làithreach a leasachadh
Ceann-latha mar Thargaid	2024 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

CUR AIR ADHART ÌOMHAIGH FHÀBHARACH DHEN GHÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Cuir ris an t-susbaint Ghàidhlig air gach ùrlar air-loidhne, a' gabhail a-steach meadhanan sòisealta agus an làrach-lìn.
Buil a tha ga Mholadh	Cuir air adhart susbaint làithreach agus leasaich tuilleadh.
Cleachdadh Làithreach	Tha tomhas de shusbaint Ghàidhlig ri fhaighinn an-dràsta.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cruthaich nota stiùiridh a bhios ag adhbharachadh àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta agus air làrach-lìn an SFRS
Ceann-latha mar Thargaid	2023 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd/Sgioba Conaltradh Corporra

Amas Àrd-ìre	Mar phàirt den obair againn air planaichean ionadail, iarraidh sinn beachdan choimhearsnachdan a thaobh soidhnichean dà-chànanach Gàidhlig is Beurla a chur air togalaichean agus carbadan an SFRS nuair a tha feadhainn ùra a dhìth, leis an amas inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil na h-Alba.
Buil a tha ga Mholadh	Tuigse shoilleir a bhith againn air mar a tha coimhearsnachdan ionadail airson a' Ghàidhlig fhaicinn air a riochdachadh sa choimhearsnachd aca.
Cleachdadh Làithreach	Soidhnichean gan atharrachadh, nuair a tha feadhainn ùra a dhìth, ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu farsaing leis a' choimhearsnachd.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan conaltradh le Roinntean Leasachadh Seirbheis agus faigh beachdan bho choimhearsnachdan ionadail • Soidhnichean dà-chànanach anns gach ceàrnaidh de dh'Alba
Ceann-latha mar Thargaid	2024 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Sgioba Stiùireadh Maoin

AMASAN SEIRBHEIS CORPORA

Is e seo an dàrna Plana Gàidhlig againn agus bho 2016 tha sinn air ceumannan a ghabhail gus taic a thoirt don Ghàidhlig agus a cur air adhart air feadh na buidhne.

Leanaidh sinn oirnn a' gealltainn a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic don Ghàidhlig agus a' gabhail cheumannan gnìomhach gus taic a thoirt don amas sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig gum biodh Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

INBHE

Buil a tha ga iarraidh	Suaicheantas Cuir an sgrìobhadh a tha a' nochdadh ri taobh ar suaicheantais ann an Gàidhlig agus Beurla, a' nochdadh co-ionannachd spèis agus ùraich na stuthan uile far a bheil an teacs seo a' nochdadh.
Cleachdadh Làithreach	Tha suaicheantas an SFRS na fhoillseachadh fo dhìon laghail, aig an àm seo chan eil fear co-ionann ann sa Ghàidhlig agus chan eil planaichean ann air a shon.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Atharraich stiùireadh brannd gus an suaicheantas Gàidhlig 'Ag Obair Còmhla airson Alba nas Sàbhailte' a ghabhail a-steach

	<ul style="list-style-type: none"> Cuir a-mach tionndadh ath-sgrìobhte den Stiùireadh Brann don luchd-obrach air fad
Ceann-latha mar Thargaid	2023
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra agus Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Soidhnichean Bidh Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith air soidhnichean follaiseach.
Cleachdadh Làithreach	Tha poileasaidh ann an-dràsta gus soidhnichean dà-chànanach a chur an sàs anns na h-Eileanan Siar, a' Ghàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bòd mar chomharra air neart na Gàidhlig anns na sgìrean sin.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Soidhnichean uile dà-chànanach nuair thèid an ùrachadh
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a' phlana
Uallach	Sgioba Stiùireadh Maoin

CONALTRADH RIS A' PHOBALL

Buil a tha ga iarraidh	Cur air Adhart Teachdaireachd bhrosnachail gu bheilear an-còmhnaidh a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball sa Ghàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil pròiseas foirmeil againn, ach bhiodh conaltradh ann an Ghàidhlig bho dhaoine fa leth, bho bhuidhnean agus bho choimhearsnachdan ga fhreagairt sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Inns gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn, gum bi sinn a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball ann am Beurla agus Gàidhlig
Ceann-latha mar Thargaid	2023
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Conaltradh sgrìobhte Bithear an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitchinn.
Cleachdadh Làithreach	Bithear a' toirt freagairt Ghàidhlig do chonaltradh sgrìobhte sam bith a gheibhear sa Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cùm sùil air gach conaltradh sgrìobhte a gheibhear sa Ghàidhlig agus dèan aithris air gach bliadhna

	<ul style="list-style-type: none"> Mar phàirt den ath-bhreithneachadh a tha san amharc againn air ar pròiseas bheachdan, ghearanan is mholaidhean agus an t-ath-bhreithneachadh air ar ro-innleachd conaltraidh, innsidh sinn mar a làimhsicheas sinn conaltradh sa Ghàidhlig.
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a’ phlana
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra/Sgioba Rianachd Chorporra (SPPC)

Buil a tha ga iarraidh	Fàilteachas agus fòn Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a’ faighinn taic gus sin a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a chur air adhart don phoball.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil cleachdadh foirmeil ann an-dràsta.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cuir pròiseas foirmeil an gnìomh sa Ghàidhealtachd, ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus aig Comhairle nan Eilean Siar Bheir sinn cothroman don luchd-obrach againn an t-seirbheis seo a libhrigeadh
Ceann-latha mar Thargaid	2024 agus leantainneach
Uallach	Rianachd Chorporra (SPPC)/Sgioba Conaltradh Corporra/A h-uile Raon Libhrigeadh Seirbheis

Buil a tha ga iarraidh	Coinneamhan poblach Bithear a’ rannsachadh agus a’ cur air adhart cothroman gus coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig gu cunbhalach.
Cleachdadh Làithreach	Thèid coinneamhan poblach aghaidh-ri-aghaidh a chumail far am bi atharrachaidhean mòra ann an solar seirbheis ionadail gam moladh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cuir air adhart agus bheir taic do chleachdadh na Gàidhlig aig coinneamhan poblach aghaidh-ri-aghaidh anns gach ceàrnaidh de dh’Alba
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a’ phlana
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra/A h-uile Raon Libhrigeadh Seirbheis

FIOSRACHADH

Buil a tha ga iarraidh	Fiosan Naidheachd Fiosan naidheachd àrd-ìomhaigh agus fiosan naidheachd co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig air an cuairteachadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
------------------------	--

Cleachdadh Làithreach	Bidh sinn a' cur a-mach fiosan naidheachd co-cheangailte ri cùisean Gàidhlig an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Lean air adhart a' cur a-mach naidheachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla • Dèan agus sgaoil fiosan naidheachd àrd-ìomhaigh a bheir buaidh air coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Gàidhlig agus Beurla
Ceann-latha mar Thargaid	Leantainneach
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Meadhanan sòisealta Susbaint Ghàidhlig air a sgaoileadh gu cunbhalach tro na meadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de luchd-cleachdaidh a tha ann agus a dh'fhaodadh a bhith ann.
Cleachdadh Làithreach	Bidh sgìrean ionadail a' sgaoileadh theachdaireachdan Gàidhlig air na meadhanan sòisealta aca fhèin.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Foillsich 30 post gach bliadhna a tha dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin, thar ùrlaran mheadhanan sòisealta
Ceann-latha mar Thargaid	2023 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Làrach-lìn Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan a dh'fhaodadh an ruigsinneachd as motha fhaighinn.
Cleachdadh Làithreach	Tha susbaint Ghàidhlig air an làrach-lìn againn
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir ri làthaireachd na Gàidhlig air an làrach-lìn againn
Ceann-latha mar Thargaid	Leantainneach
Uallach	Libhrigeadh Seirbheis (Sgioba Sàbhailteachd Coimhearsnachd)/Sgioba Com-pàirteachadh is Co-chomhairle Phoblach /Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Foillseachaidhean corporra Gan dèanamh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh an ruigsinneachd as motha fhaighinn.
Cleachdadh Làithreach	Am Plana Gàidhlig ga dhèanamh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Thoir planaichean gnìomha sgèireil gu buil air feadh na h-Alba, a bhios rim faighinn sa Ghàidhlig

	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan cinnteach gum bi sgrìobhainnean ro-innleachdail àrd-ìre a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air coimhearsnachdan Gàidhlig air feadh na h-Alba air am foillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla • Dèan ath-bhreithneachadh air iomairtean nàiseanta agus beachdaich air taic a thoirt do na h-iomairtean sin ann an Gàidhlig agus Beurla
Ceann-latha mar Thargaid	2025 agus leantainneach
Uallach	Sgioba Conaltradh Corporra/A h-uile Raon Lìbhrigeadh Seirbheis

Buil a tha ga iarraidh	Taisbeanaidhean Bu chòir coimhead gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig, le prìomhachas ga thoirt don fheadhainn a dh'fhaodadh a' bhuaidh as motha a bhuileachadh.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil taisbeanaidhean poblach sam bith ann san dà chànan no sa Ghàidhlig an-dràsta
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir a-steach airson maoinachadh bhon taobh a-muigh gus bileag turas fèin-stiùirichte a chruthachadh sa Ghàidhlig aig an Taigh-tasgaidh Smàlaidh Nàiseanta • Cuir an gnìomh tar-sgrìobhadh fuaim airson a h-uile taisbeanadh maireannach
Ceann-latha mar Thargaid	2024 agus an uair sin gu leantainneach
Uallach	Lìbhrigeadh Seirbheis - Sgioba Com-pàirteachadh Coimhearsnachd

LUCHD-OBACH

Buil a tha ga iarraidh	In-sgrùdadh Dèan in-sgrùdadh air sgilean Gàidhlig agus feumalachdan trèanaidh tro bheatha gach plana.
Cleachdadh Làithreach	Rinn sinn suirbhidh luchd-obrach ann an 2019.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan sgrùdadh luchd-obrach air Gàidhlig agus sgilean Gàidhlig
Ceann-latha mar Thargaid	2023
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Inntrigeadh Fios mu phlana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich air a ghabhail a-steach ann an inntrigeadh luchd-obrach ùr.
------------------------	---

Cleachdadh Làithreach	Aig a' char as fheàrr, chan eil ach glè bheag de mhothachadh air a bhith ann mu ar geallaidhean Gàidhlig nar pròiseas inntrigidh do luchd-obrach
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir fiosrachadh mu na geallaidhean Gàidhlig againn don phròiseas inntrigidh • Thèid modailean Trèanadh Mothachadh Gàidhlig a chur don phròiseas inntrigidh
Ceann-latha mar Thargaid	2024
Uallach	Stiùireachas HRPOD agus Sgioba Trèanaidh, Sàbhailteachd agus Dearbhaidh

Buil a tha ga iarraidh	Trèanadh cànan Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig air a thabhann don luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.
Cleachdadh Làithreach	Tha luchd-obrach an-dràsta gan stiùireadh gu làraich-lìn agus buidhnean a tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachd conaltradh a-staigh gus mothachadh a thogail mu thrèanadh ann an sgilean Gàidhlig
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a' phlana
Uallach	Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd/Sgioba Conaltradh Corporra

Buil a tha ga iarraidh	Trèanadh mothachaidh Trèanadh mothachadh Gàidhlig ga thabhann do luchd-obrach, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill a' bhùird, comhairlichean agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach ris a' phoball.
Cleachdadh Làithreach	Tha trèanadh Mothachadh Gàidhlig stèidhichte agus ri fhaighinn don h-uile neach-obrach a tha airson a dhèanamh.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir modailean Trèanadh Mothachadh Gàidhlig anns an Inntreigeadh do na buidhnean sònraichte seo de luchd-obrach
Ceann-latha mar Thargaid	2024
Uallach	Stiùireachas HRPOD/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Fastadh Gàidhlig ga h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no feumail ann an tuairisgeulan-obrach gus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh Làithreach	Chan eil Gàidhlig an-dràsta ga h-ainmeachadh mar sgil riatanach no feumail ann an tuairisgeulan-obrach.

Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Gàidhlig ga h-ainmeachadh mar sgil feumail airson dhreuchdan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, a' Ghàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar. Bidh seo a' gabhail a-steach An Siostam Fuireachais agus Saor-thoileach Dèan ath-bhreithneachadh air a' phròiseas fastaidh airson a h-uile dreuchd gus faighinn a-mach an gabhadh Gàidhlig ainmeachadh mar sgil riatanach
Ceann-latha mar Thargaid	2024
Uallach	Stiùireachas HROD/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

Buil a tha ga iarraidh	Fastadh Sanasan-obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson gach dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.
Cleachdadh Làithreach	Cha deach dreuchdan sam bith a chomharrachadh a dh'fheumas Gàidhlig a bhith na sgil riatanach.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Far a bheil Gàidhlig air a comharrachadh mar sgil riatanach no feumail, thèid sanasan-obrach fhoillseachadh an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig.
Ceann-latha mar Thargaid	2023- 2024
Uallach	Stiùireachas HRPOD/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd

CORPAS GÀIDHLIG

Buil a tha ga iarraidh	Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) Bithear a' leantainn a' Ghnàthachais Litreachadh Gàidhlig as ùire a thaobh gach stuth sgrìobhte a chuireas an t-ùghdarras poblach a-mach.
Cleachdadh Làithreach	Tha aire againn don ghnàthachas litreachaidh as ùire.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Cùm ris a' chleachdadh làithreach a bhith a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh a-mhàin a choinnicheas ris a' ghnàthachas litreachaidh as ùire
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a' phlana
Uallach	A h-uile Stiùireachas

Buil a tha ga iarraidh	Ainmean-àite: Thathas a' sireadh agus a' cleachdadh comhairle mu ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh Làithreach	Bidh sinn ag obair gu dlùth le Ainmean-Àite na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' faighinn fiosrachadh agus comhairle cheart.
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> • Cùm sùil gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd agus dèan atharraichean sam bith a mholas Ainmean-Àite na h-Alba
Ceann-latha mar Thargaid	Fad beatha a' phlana
Uallach	Sgioba Stiùireadh Maoin/Sgioba Conaltradh Corporra/Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd/gach Raon Lìbhrigeadh Seirbheis

4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Thathas a' meas gu bheil ar Plana Gàidhlig a' cur ris na builean a leanas den Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta:-

- Fàsaidh clann suas gu sàbhailte le gaol is spèis orra gus an coilean iad an làn chomasan

Tha am plana ag amas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhrosnachadh agus spèis cho-ionann a thoirt dha. Do choimhearsnachdan Gàidhlig tha seo a' ciallachadh spèis don chultar, dualchas agus coimhearsnachd.

- A bhith a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhalach, seasmhach is sàbhailte agus aig a bheil cumhachd

Tha am plana againn a' mìneachadh prògram àrd-amasach de ghnìomhan a tha sinn a' creidsinn a chuireas ri amasan an Fhrèam-obrach Nàiseanta.

5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN-OBACH COILEANAIDH IONADAIL IS ROINNEIL

Tha am Plana Gàidhlig againn a' cur cudrom air seirbheis nas fheàrr a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba. Bheir e cuideachd cothrom do luchd-obrach le Gàidhlig cur ris a' Phlana Ghàidhlig againn.

Tha seo co-cheangailte ri libhrigeadh nam Builean Ro-innleachdail aig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba:-

- Tha ar gnìomhan casg is dìon co-obrachail agus cuimsichte a' leasachadh sàbhailteachd agus sunnd coimhearsnachd agus a' toirt taic do fhàs eaconamach seasmhach.
- Is e deagh fhastaiche a th' annainn far a bheil na daoine againn sàbhailte, le taic agus cumhachd gus sàr sheirbheisean ùr-ghnàthach a libhrigeadh.

6. FOILLSEACHADH

FOILLSEACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA

Seo an dàrna Plana Gàidhlig againn agus bidh e an gnìomh fad 3 bliadhna bhon latha a thèid aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Neartaichidh agus soilleirichidh geallaidhean sa phlana seo na geallaidhean a tha air am mìneachadh sa chiad phlana againn.

A-STAIGH

Cleachdaidh Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba na dòighean conaltraidh againn air an taobh a-staigh gus innse don luchd-obrach againn agus luchd-ùidh air an taobh a-staigh mun dàrna Plana Gàidhlig againn.

A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas: -

- cuiridh sinn fios naidheachd a-mach mu fhoillseachadh a' phlana;
- nì sinn sanasachd mun phlana tro ghrunn ùrlaran mheadhanan sòisealta
- innsidh sinn don luchd-obrach agus don luchd-ùidh againn mun phlana againn agus mar a gheibh iad cothrom air, tro dhòighean conaltraidh a-staigh agus an làrach-lìn againn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana gu buidhnean Gàidhlig iomchaidh agus gu buidhnean eile le ùidh sa chùis agus bheir sinn comhairle dhaibh air mar a gheibhear am plana againn
- cuiridh sinn a-mach lethbhreacan pàipeir a rèir iarrtais

7. GOIREASACHADH A' PHLANA:

Thèid, no chaidh, a' mhòr-chuid de na gnìomhan anns a' phlana seo a thoirt an lùib buidseatan làithreach an SFRS agus a mhaoineachadh leotha.

Dh'fhaodadh gun tèid maoineachadh bhon taobh a-muigh a shireadh airson phròiseactan fa-leth a chuidicheas sinn gus a' Ghàidhlig a chur air adhart, mothachadh a thogail agus an cànan fhisge a-steach do ar gnìomhachd làitheil.

8. SGRÙDADH A' PHLANA

Bidh sinn a' sgrùdadh buileachadh a' phlana seo le bhith a' toirt an fhiosrachaidh as ùire gu cunbhalach don Àrd-Sgioba Stiùiridh againn agus le bhith a' cur aithisg bhliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig.

9. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGH DARRAS PHOBLACH

ÀRD-UALLACH AIRSON A' PHLANA

Is ann air a' Mhanaidsear Co-ionannachd is Iomadachd a tha àrd-uallach airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba. Faodar fios a chur thuice mar a leanas: -

Elaine Gerrard

Manaidsear Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhalachd

Leasachaidh Dhaoine agus Buidhne

Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

Prìomh Oifis Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba

Dràibh Westburn

Camas Lang

G72 7NA

07979 931 454

Elaine.Gerrard@firescotland.gov.uk

UALLACH AIRSON A' PHLANA BHO LATHA GU LATHA

Is ann air a' Mhanaidsear Co-ionannachd is Iomadachd a tha uallach bho latha gu latha airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Maggie Archibald

Neach-comhairleachaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhalachd

SDA West HQ

99 Rathad Bothwell

Hamaltan

ML3 0EA

07423 323 058

BUIDHEANN BUILEACHAIDH AGUS SGRÙDAIDH A' PHLANA GHÀIDHLIG

Chan eil comas againn an-dràsta Buidheann Buileachaidh agus Sgrùdaidh na Gàidhlig a stèidheachadh, ach cleachdaidh sinn buidhnean-obrach air an taobh a-staigh a tha stèidhichte mar-thà agus planaichean obrachaidh stiùireachais bliadhnail gus sùil a chumail air adhartas a rèir ar gealltanasan sa Phlana Ghàidhlig.

COM-PÀIRTEACHADH LE LUCHD-OBACH

Nì sinn sgrùdadh air luchd-obrach tron dàrna Plana Gàidhlig againn. Thèid fiosrachadh a thoirt do luchd-obrach gach bliadhna, a' cleachdadh ar dòighean conaltraidh a-staigh a thaobh ar dleastanasan co-cheangailte ris a' phlana, agus mar a tha e ga bhuileachadh, ga sgrùdadh agus an t-adhartas a chaidh a dhèanamh.

BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH AGUS BUIDHNEAN TREAS-PHÀRTAIDH

Nì Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba cinnteach gum bi an t-seirbheis èiginn againn agus com-pàirtichean seirbheis phoblaich eile mothachail air an dàrna Plana Ghàidhlig againn tro chom-pàirteachasan planadh coimhearsnachd agus Buidheann Co-obrachaidh na Seirbheis Èiginn.

EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS SA GHÀIDHLIG

Rinn sinn in-sgrùdadh air comas Gàidhlig an luchd-obrach againn ann an 2019 agus dh'ainmich 98 (20.5% den àireamh iomlan de luchd-obrach a lion an t-suirbhidh) gun robh tomhas de sgilean Gàidhlig aca. Bha seo a' dol bho chomas bunaiteach an latha a bheannachadh gu fileantachd ann an leughadh, sgrìobhadh agus labhairt na Gàidhlig. Gheibhear toraidhean mionaideach na h-aithisg gu h-ìosal.

Àireamh luchd-obrach a thuigeas Gàidhlig air a labhairt:

Tuigidh mi abairtean sìmplidh nuair a tha cuideigin a' bruidhinn gu slaodach agus gu soilleir	'S urrainn dhomh brìgh san fharsaingeachd de chòmhradhean sìmplidh a thuigsinn ma tha cuideigin a' bruidhinn gu slaodach agus gu soilleir	Tuigidh mi a' mhòr-chuid de chòmhradhean àbhaisteach, làitheil ma tha cuideigin a' bruidhinn gu slaodach agus gu soilleir	Tuigidh mi fileantaich a' bruidhinn air cuspairean làitheil aig astar àbhaisteach	B' urrainn dhomh fileantaich a thuigsinn aig coinneamhan a' bruidhinn air cuspairean speisealta co-cheangailte ri m' obair
48	21	13	6	10

Àireamh luchd-obrach aig a bheil comas labhairt sa Ghàidhlig:

'S urrainn dhomh an latha a bheannachadh gu sìmplidh sa Ghàidhlig	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradhean bunaiteach mu chuspairean làitheil ma lionas mi na beàrnan sa Ghàidhlig agam le beagan fhacal Beurla	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhradhean làitheil air a' mhòr-chuid de chuspairean ma ghabhas mi air mo shocair	'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail gu cofhurtail ann an còmhradhean làitheil le fileantaich aig astar àbhaisteach	B' urrainn dhomh bruidhinn gu cofhurtail air cuspairean speisealta co-cheangailte ris an obair agam ann an coinneamhan le fileantaich
46	23	6	4	7

Àireamh luchd-obrach aig a bheil comas leughaidh sa Ghàidhlig:

Tuigidh mi beagan fhaclan air soidhnichean no sanasan, gu sònraichte ma tha diagram no	Tuigidh mi leabhraichean bunaiteach Gàidhlig le cuideachadh bho dhealbhan	Tuigidh mi leabhraichean sìmplidh Gàidhlig le cuideachadh bho fhaclair.	Is urrainn dhomh leabhraichean no artaigilean nas adhartacha a tha ag amas air luchd-leughaidh	B' urrainn dhomh sgrìobhadh teicnigeach a thuigsinn air cuspairean speisealta co-
--	---	---	--	---

dealbh ann a chuidicheas leis a' bhrìgh.			inbheach a thuigsinn agus a leughadh gu comhfhurtail	cheangailte ri m' obair
50	16	23	6	3

Àireamh luchd-obrach aig a bheil comas sgrìobhadh sa Ghàidhlig:

'S urrainn dhomh fàilte shìmplidh a sgrìobhadh	'S urrainn dhomh beagan sheantansan sìmplidh a sgrìobhadh ann am post-d gu caraid le cuideachadh bho fhaclair	'S urrainn dhomh post-d toinnte a sgrìobhadh gu caraid le cuideachadh bho fhaclair	'S urrainn dhomh sgrìobhadh mun mhòr-chuid de chuspairean làitheil gun duilgheadas (litricean, aithisgean, puist-d)	B' urrainn dhomh sgrìobhadh air cuspairean speisealta co-cheangailte ri m' obair, gun duilgheadas
20	28	2	2	2

Àireamh luchd-obrach a bhruidhneas Gàidhlig ri muinntir a' phobaill agus dè cho tric:

Gach latha	Gach mìos	Bliadhna
17	9	13

Dè cho tric 's a bhios muinntir a' phobaill a' tòiseachadh air còmhraidhean le ar luchd-obrach sa Ghàidhlig

Gach uair a thìde	Gach latha	Gach mìos	Bliadhna
2	15	10	15

Dè cho tric 's a bhios ar luchd-obrach a' tòiseachadh air còmhraidhean sa Ghàidhlig le muinntir a' phobaill:

Gach uair a thìde	Gach latha	Gach mìos	Bliadhna
2	10	11	8

- Den 478 (20.5%) de luchd-obrach a lìon an t-suirbhidh, tha ceathrar (0.83%) ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- Tha dithis den luchd-obrach sin ag obair ann an Sgìre Baile Ghlaschu, aon ag obair ann an Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar agus sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid agus am fear eile ag obair ann an sgìre Baile Obar Dheathain.

- Thuir 22 (4.6%) den luchd-obrach gu bheil Gàidhlig aca agus gu bheil iad toilichte leis an ìre fileantachd aca a-nis.
- Bu toil le 198 (41.4%) den luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh no an cuid Gàidhlig a leasachadh ach chan eil iad air an cothrom fhaighinn fhathast. Bidh an luchd-obrach seo ag obair anns na roinnean/àiteachan a leanas:-

Roinn/Àite	Àireamh de Luchd-obrach
Seirbheisean Ionmhais agus Cùmhnaint	16
Leasachaidh Dhaoine agus Buidhne	22
Casg is Dìon	12
Freagairt agus Foghainteachd	22
Planadh, Coileanadh agus Conaltradh Ro-innleachdail	16
Raon Lìbhrigeadh Seirbheis - an Ear	24
Raon Lìbhrigeadh Seirbheis - Tuath	35
Raon Lìbhrigeadh Seirbheis - an Iar	51

- Chan eil dreuchdan an-dràsta ann an Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba a tha a' comharrachadh Gàidhlig mar sgit-obrach feumail no riatanach.
- Aig an àm seo chan eil seirbheisean no pròiseasan foirmeil a-staigh gan cumail tro mheadhan na Gàidhlig.

PÀIPÈAR-TAICE 2 - CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH

Rinn Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba pròiseas co-chomhairle sia-seachdainean air an dàrna Plana Gàidhlig a bha sinn a' moladh a thòisich air 17 Faoilleach 2022 agus a thàinig gu crìch air 27 Gearran 2022. Far an robh e riatanach, tha sinn air gabhail ris na molaidhean a rinneadh. Tha tar-shealladh air thoraidhean na co-chomhairle air a ghabhail a-steach sa phlana seo. Gheibhear aithisg nas mionaidiche mu thoraidhean na co-chomhairle [an seo](#)

Seo na prìomh thoraidhean: -

- Fhuaras 191 freagairt
- Den 191 freagairt sin, thàinig 45 bho luchd-obrach an SFRS

- Rinn sia buidhnean a’ cho-chomhairle, ceithir dhiubh sin à sgìre Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh
- Tha 68 neach-freagairt ag aontachadh gu bheil sinn air na h-amasan àrd-ìre cheart a thaghadh. Mhol cuid den luchd-fhreagairt dhuinn a bhith a’ dèanamh barrachd co-obrachaidh le Poileas Alba agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba air pròiseactan a bhios buannachdail dhuinn uile.
- Tha 67 neach-freagairt a’ creidsinn gu bheil sinn air na h-Amasan Seirbheis Corporra ceart a thaghadh.
- Tha 74 neach-freagairt den bheachd gun cuidich na gnìomhan sa phlana sinn gus ar n-amasan a choileanadh
- Tha 57 neach-freagairt den bheachd gum bu chòir soidhnichean a bhith ann an Gàidhlig agus Beurla aig togalaichean an SFRS
- Tha 59 neach-freagairt den bheachd gum bu chòir branndadh a bhith ann an Gàidhlig agus Beurla air carbadan an SFRS
- Tha 57 neach-freagairt den bheachd gum bu chòir branndadh a bhith ann an Gàidhlig agus Beurla air èideadh an SFRS
- Tha 53 neach-freagairt den bheachd gum bu chòir don Phlana Ghàidhlig againn buntainn ris gach raon de dh’Alba gus a bhith cinnteach gu bheil sinn a’ dèanamh ar dìchill a thaobh àbhaisteachadh na Gàidhlig.
- Bu toil le cuid de luchd-freagairt an SFRS fhaicinn a’ cleachdadh dòigh-obrach nas adhartache agus for-ghnìomhaich coltach ri Poileas Alba agus Seirbheis Ambaileans na h-Alba agus àrainneachd a chruthachadh far am faod a’ Ghàidhlig soirbheachadh.



[fireScotland.gov.uk](https://www.fireScotland.gov.uk)

Plana Gàidhlig an SFRS 2023 – 2026

Tionndadh 1.0 Iuchar 2023